

An t- Seacaid Chlò rinn Dùghall an t-Slèibhe

Thigibh còmhla 's deanaibh èigheach.
Togaibh fidheal 's cuir air ghleus i.
Deanaibh rann a chur an cèill
Mun t-seacaid chlò rinn Dùghall an t-Slèibhe.

Dùghall an Tàillear chuir ri chèil' i -
Dh'ionnsaich e a chiùirt san Nèibhidh.
Siud "lapels" san stoighl' bha euchdmhor
Tuill nam butan grinn is gleusta.

Dh'aithnichear a h-uile stàdag -
Obair ghrèise anns gach pàirt dhi;
Saville Row cha deanadh tàir
Air obair fuaghal Dhùghaill an Tàillear.

Làmh bu ghrinne chleachdadh snàthad,
Meòir bu sgileil shlaodadh snàilean,
B' eireachdail air druim an t-sàr-fhear
An t-seacaid chlò rinn Dùghall an Tàillear!

An t-seacaid seo, 's ann chaidh a deanamh
Bho chionn ceithir fichead bliadhna
'S tha i fhathast deanamh triall
Cho fasanta sa bha i riamh.

Seasaidh ise ri gach dùbhlan.
Uisge troimpe cha dean drùdhadh.
Geil no reothadh, sneachd an Dùbhlachd
Cha dean "stèam" air seacaid Dhùghaill.

Duine coibhneil, duine èibhinn,
Socrach, sìobhalta na bheusan;
Geur na thuigse, b' fhada lèirsinn -
An sàr-thàillear, Dùghall an t-Slèibhe.

The Harris Tweed jacket made by Dugald from Sliabh, Tíree

Join together, sing out
Pick up the fiddle and tune it well.
Compose verses to describe
The tweed jacket that Dugald from Sliabh made!

Dugald the Tailor was the maker –
He'd learned his trade in the Royal Navy.
His lapels were crafted with style,
The button-holes, neat and skilfully sewn.

Recognisable was every stitch,
Fine handiwork in every part of it;
Saville Row could not sneer at
Dugald the Tailor's sewing skills.

The finest hand to use a needle,
The most skilful fingers to draw thread –
Smart indeed on the back of the fine fellow
Was the jacket made by Dugald the Tailor.

This very jacket – it was made
(Nearly) eighty years ago
And it travels around (the world)
Still as fashionable as ever!

It will withstand every challenge.
Rain will not penetrate it.
Neither gale, frost nor December snow
Will get the better of Dugald's jacket!

A kindly man, a humorous man
Relaxed, polite and sociable,
Sharp of intellect, far-seeing
Was the excellent tailor, Dugald from Sliabh.